

An Litir Bheag le Ruairidh MacIlleathain

An Litir Bheag is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 142 (which corresponds to Litir 446). Ruairidh can be contacted at rodgy.maclean@bbc.co.uk.

Tha faclan no abairtean eadar-dhealaichte aig daoine airson bruidhinn ri diofar bheathaichean. Ann am mòran àiteachan, airson bruidhinn ri bò, canaidh daoine “pruidh” no “pruidh-dhè”. Tha sin anns na faclairan, ceart gu leòr: *Pruidh – a call to cattle, cow or calf.*

Tha e coltach gun deach na h-abairtean sin bho Ghàidhlig gu Albais no bho Albais gu Gàidhlig. Anns an fhaclair Albais agam tha *Prow, Pru* agus *Pruì*. Tha iad uile nan dòighean airson a bhith a' gairm air crodh.

Sgrìobh an sgoilear Gàidhlig, Alasdair MacBheathain, pàipear mu abairtean à Bàideanach. 'S ann à Bàideanach a bha e fhèin. Sgrìobh e gur e “progaidh” a bha daoine ag ràdh ri each. *Progaidh*. Thuirt e gun tàinig sin bho Albais, ach gun tàinig an Albais bhon Fhraingis *approchez*.

Ann an Gàidhlig bidh sinn ag ràdh “ciridh” ri caora no uan. “Ciridh, ciridh, ciridh!” no mar sin. Uill, chaidh mi don fhaclair Albais agam agus bha an dearbh fhacal ann: *K-e-e-r-i-e – Keerie — a call to a lamb or sheep.*

Tha cuid de na gairmean eadar-nàiseanta. Mar eisimpleir, *puisidh* airson bruidhinn ri cat, agus *diug* no *diugaidh* airson labhairt ri cearc. Ach bha abairt eile aig MacBheathain airson bruidhinn ri cat no piseag – *stididh* – no *tididh*. Bha e fhèin ag ràdh gun tàinig iad sin bho Albais gu Gàidhlig. Tha *cheet* no *cheetie* ann an Albais a' ciallachadh cat no piseag. Anns an t-seann Bheurla bha *chit* a' ciallachadh “beathach òg”. Agus bidh daoine a' gabhail *kit* fhathast air sionnach òg ann am Beurla.

Ach dè chanas sinn ri cù? Uill, tha facal agam a bhios mi ag èigheachd ris a' chù agam. Agus bidh e an-còmhnaidh a' tighinn thugam. Chan eil Beurla aig a' chù agam. 'S e cù Gàidhealach a tha ann. 'S e abairtean Gàidhlig an aon fheadhainn a thuigeas e. Agus, nuair a tha e a' ruith anns a' phàirc, dè dh'èigheas mi ris a bheir e air ais thugam? Dè ach “Briosgaid!”

* * * * *

Faclan is abairtean: faclan no abairtean eadar-dhealaichte: *different words or phrases*; airson bruidhinn ri diofar bheathaichean: *for speaking to different animals*; bò: *cow*; anns na faclairan: *in the dictionaries*; gun deach na h-abairtean sin bho Ghàidhlig gu Albais: *that those phrases went from Gaelic to Scots*; tha iad

uile nan dòighean airson a bhith a' gairm air crodh: *they are all ways of calling cattle*; Alasdair MacBheathain: *Alexander Macbain*; 's ann à Bàideanach a bha e fhèin: *he was from Badenoch himself*; progaidh: *a word used by humans when calling a horse*; bhon Fhraingis: *from the French*; bidh sinn ag ràdh "ciridh" ri caora no uan: *we say "ciridh" to a sheep or lamb*; tha cuid de na gairmean eadar-nàiseanta: *some of the calls are international*; airson labhairt ri cearc: *for speaking to a hen*; tha X a' ciallachadh cat no piseag: *X means a cat or kitten*; dè chanas sinn ri cù?: *what do we say to a dog?*; tha facal agam a bhios mi ag èigheachd ris a' chù agam: *I have a word which I shout to my dog*; bidh e an-còmhnaidh a' tighinn thugam: *he always comes to me*; chan eil Beurla aig a' chù agam: *my dog doesn't have English [understanding or speaking!]*; an aon fheadhainn a thuigeas e: *the only ones he understands*; nuair a tha e a' ruith anns a' phàirc: *when he's running in the park*; dè dh'èigheas mi ris?: *what do I shout to him?*; a bheir e air ais thugam: *that brings him back to me*; briosgaid: *biscuit*.

ends